

## Stiùireadh airson Tabhartasan Foghlaim 2024/25

### Gaelic Education Grants Guidelines 2024/25

#### Mu dheidhinn na maoin seo

#### About this fund

Tha a' mhaoin seo ri fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do dhaoine a tha ag obair a dh'ionnsaigh dreuchd mar neach-teagaisg Gàidhlig no ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne Gàidhlig agus airson cothroman trèanaidh a bharrachd a thoirt do luchd-teagaisg a tha an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig a-cheana.

This fund is available from Bòrd na Gàidhlig to provide support to those working towards a career in Gaelic teaching or Gaelic early learning & childcare and to provide further training opportunities to teachers already involved in Gaelic-medium education.

Tha a' mhaoin seo fosgailte airson iarrtasan airson cùrsaichean a tha ruith sa bhliadhna acadaimigich 2024/25 (Lùnastal 2024 – Iuchar 2025) a-mhàin.

The fund is currently open for applications for courses running in the 2024/25 academic year (August 2024 – July 2025) only.

#### Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

#### Who can apply?

Tha trì seòrsaichean de dh'oileanaich a tha ceadachdte iarrtas a chur a-steach tron sgeama seo:

There are three types of students that are eligible to apply via this scheme:

##### Oileanaich air cùrsa teagaisg Gàidhlig

- Oileanaich a tha a' dèanamh fo-cheum ann am Foghlam Gàidhlig (BA/MA Foghlam, no MA ann an Gàidhlig le Foghlam)
- Oileanaich a tha a' dèanamh PGDE ann am Foghlam Gàidhlig (airson ìre Bun-sgoile no Àrd-sgoile – an dà chuid Gàidhlig mar chuspair agus cuspairean tron Ghàidhlig)

##### Students enrolled on a Gaelic teaching course

- Students undertaking a Gaelic Education undergraduate Degree (BA/MA Education or MA Gaelic with Education)
- Students undertaking a PGDE in Gaelic Education (either Primary or Secondary – Gaelic as a subject and subjects through the medium of Gaelic)

##### Oileanaich air cùrsa thràth-bhliadhnaichean no cùram-chloinne Gàidhlig

- Oileanaich a tha a' dèanamh HNC no HND ann an tràth-bhliadhnaichean no cùram-chloinne Gàidhlig

##### Students enrolled on a Gaelic early-years or childcare course

- Students undertaking an HNC or HND in Gaelic early years or childcare

##### Luchd-teagaisg le teisteanas

- Luchd-teagaisg a tha ann an dreuchd a tha co-cheangailte ri foghlam tron Ghàidhlig a tha airson cùrsa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh; no
- Luchd-teagaisg le teisteanas a tha ag obair do dh'ùghdarras ionadail Albannach a tha airson na sgilean aca a leasachadh le bhith a' gabhail cùrsa Gàidhlig le

##### Qualified teachers

- Qualified teachers that are employed in a role relating to Gaelic-medium education that wish to undertake a course to develop their skills; or
- Qualified teachers that are employed by a Scottish local authority looking to undertake a course with a Scottish

colaiste no oilthigh Albannach le amas gluasad gu foghlam tron Ghàidhlig.

Bitheamh mothachail nach eil ach taic airson cisean a' chùrsa ri fhaighinn do dhaoine a tha cur iarrtas a-steach mar neach-teagaisg le teisteanas.

college or university to develop their Gaelic skills with an aim to move into Gaelic-medium education.

Please note that for those applying as qualified teachers, only support for course fees is available.

## Riaghailtean ion-roghnachd eile

A thuilleadh air seo, airson a bhith freagairt air an sgeama seo feumaidh tu a bhith a' fuireach ann an Alba, a' gabhail cùrsa le colaiste no oilthigh Albannach, is cead obair ann an Alba mar neach-obrach tràth-bhliadhnaichean no neach-teagaisg Gàidhlig a bhith agad as dèidh dhut an cùrsa a chrìochnachadh.

Ma tha thu a' freagairt air riaghailtean airson [Sgeama Bursaraidhean Teagaisg aig Riaghaltas na h-Alba / Leasachadh Sgìlean na h-Alba](#) agus soirbheachail ann a bhith a' cur iarrtas a-steach, cha bhi e ceadaichte dhut taic-airgid fhaighinn tron sgeama Bhòrd na Gàidhlig. Ma tha thu a' clàradh airson cùrsa PGDE, tha sinn a' moladh gu mòr gum bheir thu sùil air riaghailtean na sgeama sin is iarrtas a chur a-steach ma tha sin ceadaichte, leis gur dòcha gum bi thu airidh air bursaraidh de suas ri £20,000.

Uaireannan, thèid beachdachadh air iarrtasan bho oileanaich a tha airson cùrsaichean cànan Gàidhlig a dhèanamh (m.e. cùrsaichean goirid no cùrsaichean air astar) mus tèid iad air adhart gu cùrsa ITE. Bu chòir dhut bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig mus cuir thu iarrtas a-steach airson an t-seòrsa taice seo.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith agad nuair a tha thu a' cur an iarrtais agad a-steach (mura bheil thu a' sireadh taic le cisean a' chùrsa a-mhàin).

Thoir fa-near nach urrainn dhut taic-airgid iarraidh tron sgeama seo ma tha thu a' faighinn taic tron ùghdarras ionadail agad tron sgeama Tabhartasan Cùrsaichean Bogaidh againn, is chan fhaod thu ach aon iarrtas a chur a-steach dhan chuairt maoineachaidh seo.

## Other eligibility rules

In addition to the above, to be eligible you must be resident in Scotland, be taking a course with a Scottish college or university and have the right to work in Scotland as a Gaelic early years practitioner or teacher after completion of the course.

If you meet the [criteria for the Scottish Government/Skills Development Scotland Teaching Bursary Scheme](#) and are successful in applying, you will be ineligible to receive support through the Bòrd na Gàidhlig scheme. If you are enrolling on a PGDE course, we strongly recommend reviewing the eligibility criteria for this scheme and applying if you are eligible, as you may be eligible for a bursary of up to £20,000.

In some cases, applications will be considered from students wishing to take Gaelic language courses (e.g., short courses or distance learning course) prior to an ITE (Initial Teacher Education) course. Any such application should be discussed with Bòrd na Gàidhlig prior to submission.

It is essential that you have an active UK bank account at the time of applying (unless you are seeking support for course fees only).

Please note you cannot apply for support through this fund if you are already receiving support via your local authority through our Gaelic Immersion Course Grants scheme, and you can only submit one application to this round of funding.

## Dè an taic a gheibhear?

Gheibhear taic airson cosgaisean bith-beò, pàigheadh cisean a' chùrsa, no an dà chuid, a-rèir an cùrsa a tha thu a' dèanamh is taic eile air a bheil thu airidh.

Gheibhear eisimpleirean de thabhartasan a tha rim faighinn tron sgeama san Eàrr-ràdh dhan stiùireadh seo.

## What support is available?

Support is available as a cost of living grant, for payment of course fees, or both, depending on the course you are undertaking and your eligibility for other support.

Worked examples of grant sums available are available in the Appendix to these guidelines.

Thoiribh fa-near gum bi na suimeannan tabhartas a rèir a' bhuidseit iomlain ri fhaighinn airson an sgeama, is dh'fhaodadh gun tèid an ìleachadh bho na h-ìrean air ainmeachadh san stiùireadh seo ma tha àireamh nan iarrtasan nas àirde na bhathar an dùil.

### Tabhartasan Bith-beò

Tha tabhartas ri fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson taic a chur ri cosgaisean bith-beò fhad 's a tha thu a' gabhail cùrsa HNC, HND, fo-cheum no iar-cheum a tha ceadaichte airson teagaisg sa Ghàidhlig no airson tràth-bhliadhnaichean is cùraim-cloinne Ghàidhlig (faicibh t.d. 1).

Faodaidh gach oileanach làn-thìde a tha clàraichte air cùrsa freagarrach sùim choitcheann de suas ri **£700** (no £350 airson oileanaich pàirt-thìde) iarraidh.

Tha suimeannan a bharrachd air an suim choitcheann rin iarraidh a rèir diofar shuidheachaidhean, mar a thathar a' mìneachadh gu h-ìosal:

Suimeannan a bharrachd ri iarraidh Additional sums available	Cùrsa Làn-thìde / Full-time course	Cùrsa Pàirt-thìde / Part-time course
Clàraichte air cùrsa PGDE, HNC no HND aon-bhliadhna Enrolled on a one-year PDGE, HNC or HND course	£550	£275
*Ann an obair làn-thìde ron chùrsa *In full-time work before the course	£1,000 gach bliadhna ann an obair (suas gu £4,000 aig a char as fhaide)	£500 per year employed (up to £2,000 at most)
**Tabhartas a bharrachd do dhaoine a tha air a bhith ann an cùram **Additional grant for those who are care-experienced	£1,000	£500

\*Tha taic a bharrachd air sgàth is gu bheil thu air a bhith ann an obair làn-thìde ri fhaighinn ma tha thu air a bhith ag obair gu leantainneach (ag obair 30 uairean a thìde san t-seachdain no barrachd na sin) no air Cuibhreann Neach- cùram fhaighinn airson co-dhiù 12 mìosan, is gun a' bheàrn nas fhaide na 2 mhìos eadar dreuchdan, agus an dreuchd mu dheireadh agad air crìochnachadh 6 mìosan ro thoiseach a' chùrsa agad air a' char as fhaide.

Bidh fòrladh màthaireil, athaireil, uchd-mhacachd, tinneas no fòrladh-obrach air sgàth a' choròna-bhìoras sam bith bho dhreuchdan a' cunntadh air a bhith air fhadadh gu leantainneach airson nan riaghailtean seo.

Thèid an sùim a dhearbhadh air stèidh pro-rata, m.e. 1 bhliadhna is 200 latha de dh' obair = £1,548 (cùrsa làn-thìde) / £774 (cùrsa pàirt-thìde).

Please note that all grant sums will be offered subject to the total budget available for the scheme and may be lower than the maximums set out in this guidance in the event of a higher-than-expected volume of applications.

### Cost of Living Grants

A grant is available from Bòrd na Gàidhlig for the cost of living while you are undertaking an eligible HNC, HND, undergraduate or postgraduate Gaelic teaching or Gaelic early years and childcare course (see page 1).

All full-time students registered on an eligible course can apply for a core amount of up to **£700** (or £350 for part-time students).

Additional sums beyond the core amount can be requested depending on different factors as outlined below:

\*Extra support due to previously being in full-time work is available if you have been employed full-time (working 30 hours or more per week) or have received Carer's Allowance continuously for at least 12 months, with no more than a gap of 2 months between any posts, and your latest post ending no later than 6 months before the start of your course.

Any maternity, paternity, adoption, sick leave or coronavirus-related furlough from posts will count as having been employed continuously for the purposes of these rules.

Amount will be calculated on a pro-rated basis, e.g., 1 year and 200 days of employment = £1,548 (full-time course) / £774 (part-time course).

\*\*Tha an tabhartas a bharrachd dhaibhsan a tha air a bhith ann an cùram ri faighinn ma tha ùghdarras ionadail san RA air coimhead às do dhèidh ro aois 18.

Tha suas ri £5,000 ann an tabhartasan aig a char as fhaide ri fhaighinn do gach neach airson fhaid chùrsa (chan eil seo gabhail cìsean cùrsaichean a-steach).

### Cìsean a' chùrsa

Faodaidh tu taic iarraidh airson cìsean a' chùrsa agad mura bheil thu airidh air taic fhaighinn tro SAAS (Buidheann Tabhartais Oileanach na h-Alba) airson cùrsa HNC/HND, fo-cheum no iar-cheum, no ma tha thu nad thidsear le teisteanas fastadh le ùghdarras ionadail Albannach a tha air leasachadh proifeasanta a dhèanamh le bhith a' gabhail cùrsa.

Ma tha thu a' gabhail cùrsa far a bheil cìsean a' chùrsa air a phàigheadh le bhuidheann eile, leithid Riaghaltas na h-Alba a tha pàigheadh cìsean a' chùrsa airson cùrsa MEd Foghlaim Gàidhlig, chan eil e ceadaichte dhuibh iartras a chur a-steach dhan sgeama seo airson taic le cìsean a' chùrsa.

Ma tha thu a' gabhail cùrsa fo-cheum no iar-cheum, feumaidh tu tagradh airson taic airson cìsean a' chùrsa a chur gu SAAS sa chiad dol a-mach, agus ma thèid seo a dhiùltadh faodaidh tu tagradh a dhèanamh airson taic bhon sgeama seo. Feumaidh tu fianais a chur a-steach còmhla ris an iartras agad.

Ma tha thu a' gabhail cùrsa nach eil airidh air taic SAAS chan fheum thu an dearbhadh seo a thoirt seachad.

\*\*The additional grant for care-experienced people is available if you have been looked after by a local authority in the UK before the age of 18.

A maximum of £5,000 in grants is available per person over the duration of a course (support for course fees are not counted towards this figure).

### Course fees

You can apply for support for your course fees if you are not eligible to receive support via SAAS (Student Awards Agency Scotland) for an HNC/HND, undergraduate or postgraduate course, or are a qualified teacher employed by a Scottish local authority looking to undertake professional development by undertaking a course.

If you are studying for a course where course fees are paid for by another organisation, such as the Scottish Government who pay for course fees for the MEd Gaelic Education course, you are not eligible to apply via this scheme for support towards those course fees.

If you are studying for an undergraduate or postgraduate course, you must in the first instance apply for support for course fees from SAAS, and if this is rejected you may apply for support from this scheme. Evidence that you do not qualify for support from SAAS will need to be supplied with your application.

If you are studying a course which is not eligible for SAAS support, you do not need to provide this confirmation.

## A' cur iartras a-steach

Bu chòir dhut bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig, cho luath 's as urrainn ma tha ceistean agad mu dheidhinn an iartrais agad le bhith a' cur post-d gu [foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot) no [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Bu chòir dhut iartras a chur a-steach tro phortal iartrasan Fluxx aig [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). Faodaidh tu cunntas a chruthachadh saor 's an-asgaidh air an làrach-lìn sin is tha e comasach an t-adhartas agad leis an iartras a shàbhaladh fhad 's a tha thu ag obair air. Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den fhoirm-iartrais ma tha thu a' cur a dh' iarraidh sin.

Feumaidh tu fianais a chur thugainn mar phàirt den iartras airson a dhearbhadh gu bheil thu air àite a ghabhail air a' chùrsa agad (ma tha thu a' dol a-steach do chiad

## Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your application by sending an email to [foghlam@gaidhlig.scot](mailto:foghlam@gaidhlig.scot) or [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

Applications should be submitted via our Fluxx application portal at [bng.fluxx.io](http://bng.fluxx.io). An account can be registered for free on the website and it is possible to save the progress of an application whilst working on it. Alternative formats of the application form are available upon request.

You must submit evidence with your application to confirm that you have accepted your place on your current course (if you are entering the first year of a

bhliadhna de chùrsa) no gu bheil thu clàraichte airson na bliadhna-cùrsa ri thighinn, agus feumaidh am fianais a ghabhail a-steach ur n-ainm, ainm a' cholaiste/oilthigh is a' chùrsa agus dearbhadh air am bliadhna anns am bi thu dol a-steach dhan chùrsa.

Faodar fianais gun tugadh dhut àite air cùrsa a thoirt seachad mar lethbhreac de litir no post-d bho UCAS, oilthigh no cholaiste. Ma tha cumhaichean air an tairgse-cùrsa agad faodaidh tu fhathast iarrrtas a chur a-steach, ach cha tèid tabhartas a thabhanngus a bheil thu a' toirt finais dhuinn gu bheil thu air na cumhaichean a choileanadh is gu bheil àite air a' chùrsa air a thabhanngus dhut.

Ma tha thu leantainn ort le cùrsa, tha stiùireadh ri fhaighinn gu h-ìosal air fianais iarraidh bho dhiofar oilthighean gu bheil thu clàraichte air cùrsa:

**Oilthigh Dhùn Èideann** – [Certificate of Matriculation \(available via Electronic Document Service in MyEd\)](#)

**Oilthigh Ghlaschu** – [Certifying Letters \(available via Student Center > My Academic Record\)](#)

**Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean** – [Study Status Letter \(available via Student Hub\)](#)

**Oilthigh Shrath Chluaidh** – [Student Status Letter \(available under the "Personal" tab of Pegasus\)](#)

**Sabhal Mòr Ostaig** – Tha litir ri fhaighinn bho Shona NicCarmaig ([snc.smo@uhi.ac.uk](mailto:snc.smo@uhi.ac.uk)), Stiùiriche Foghlaim Thidsearan, airson a dhearbhadh gu bheil thu clàraichte air a' chùrsa

A-rèir an taic a tha thu ag iarraidh, mathaid gun fheum thu fianais eile a thoirt seachad mar a leanas:

- Dearbhadh air cisean a' chùrsa (airson gach iarrrtas a tha a' sireadh taic le cisean)
- Dearbhadh nach pàigh SAAS cisean a' chùrsa (ma tha thu a' sireadh taic le cisean a' chùrsa agad airson cùrsa fo-cheum no iar-cheum)
- Fianais air an eachdraidh-obrach agad, [ri fhaighinn bho Eachdraidh Cis Teachd-a-steach PAYE aig HMRC](#), no le bhith cur a-steach P60/P45 no litrichean bho sheann luchd-fastaidh, no fianais gun d' fhuair thu Cuibhreann Neach-cùraim (ma tha thu a' sireadh taic a bharrachd air sgath 's gun robh thu ann an obair làn-thìde)
- Litir bho neach proifeasanta airson eòlas air cùram a dhearbhadh (ma tha thu airson an tabhartas eòlas chùraim a ghabhail). Chì thu [mineachadh air neach proifeasanta](#) ann an stiùireadh a th' aig SAAS)
- Fianais gu bheil thu fastaichte mar thidsear le ùghdarras ionadail Albannach no gu bheil thu fastaichte mar neach-obrach tràth-bhliadhnaichean le ùghdarras ionadail Albannach no buidheann-libhrigidh cùram tràth-bhliadhnaichean (ma tha thu a' sireadh

course) or that you are matriculated for the upcoming year of your course, and the evidence must include your name, the course institution and name and confirmation of the year in which you'll be entering.

Evidence of course place acceptance can be provided as a copy of a letter or email from UCAS, the university or college. If your offer of a course place is conditional, you can still apply, but a grant will not be offered until you provide evidence to us that you have fulfilled the conditions and received an unconditional offer of a course place.

If you are continuing on a course, guidance is available below for obtaining matriculation evidence from various universities:

**University of Edinburgh** – [Certificate of Matriculation \(available via Electronic Document Service in MyEd\)](#)

**University of Glasgow** – [Certifying Letters \(available via Student Center > My Academic Record\)](#)

**University of the Highlands and Islands** – [Study Status Letter \(available via Student Hub\)](#)

**University of Strathclyde** – [Student Status Letter \(available under the "Personal" tab of Pegasus\)](#)

**Sabhal Mòr Ostaig** – A letter is available from Shona Cormack ([snc.smo@uhi.ac.uk](mailto:snc.smo@uhi.ac.uk)), Head of Teacher Education, to confirm your matriculation

Depending on your request, you may also need to submit further evidence of the following:

- Confirmation of course fees (for all applications requesting support with course fees)
- Confirmation that SAAS will not pay course fees (if you are requesting support with course fees for an undergraduate or postgraduate course)
- A record of your employment history, [available via HMRC's PAYE Income Tax history](#), or by submitting P60s/P45s or letters from previous employers or submitting evidence of receipt of Carer's Allowance (if requesting support due to being in full-time work)
- A letter from a professional person to confirm care-experience (if claiming the care-experienced grant). See [guidance from SAAS](#) for definition of professional person
- Evidence that you are currently employed as a teacher by a Scottish local authority or that you are employed as an early years worker either by a Scottish local authority or early years care provider (if

taic mar neach-teagaisg le teisteanas no neach-obrach tràth-bhliadhnaichean)

you are requesting support as a qualified teacher or early years worker)

Bu chòir dhuibh an iarrtas a chur a-steach ro **3f air Dimàirt 3 Sultain 2024**. Cha ghabh ri iarrtasan a tha anmoch ach ma cheadaicheas Bòrd na Gàidhlig sin.

You must submit your application by **3pm on Tuesday 3 September 2024**. Late applications will only be accepted at Bòrd na Gàidhlig's discretion.

Thoir fa-near gum faoidte gun iarr Bòrd na Gàidhlig air tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh bhuat às dèidh dhut iarrtas a chur a-steach. Dh'fhaodadh gun tèid iarrtas sam bith nach eil a' leantainn an stiùiridh seo no far nach eil faidhlichean riatanach uile ann na chois aig **10m air Diluain 10 Sultain 2024** a dhiùltadh.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of details after the application has been submitted. Any application which is not compliant with this guidance and does not contain all of the required supporting documents by **10am on Monday 16 September 2024** may be declined.

## Mar a thèid dèiligeadh ris an iarrtas

## How we will handle your application

Thèid na h-iarrtasan uile a mheasadh aig tòiseach na Sultaine 2024 as dèidh dhan sgeama dùnadh, gus dearbhadh gu bheil buidseat gu leòr ann airson an àireamh iarrtasan a thathar air fhaighinn, is thèid co-dhùnadh a mhìneachadh dhut tro phost-dealain ro **dheireadh na Sultaine 2024**.

All applications will be assessed together in early September 2024 after the scheme closes, to ensure that there is sufficient budget to support the number of applications received, and a decision will be communicated to you by email by the **end of September 2024**.

Ma tha fad a bharrachd iarrtasan na leigeas le buidseat an sgeama, thèid suimeannan tabhartais aig na h-iarrtasan soirbheachail a lùghdachadh ann an dòigh cho-ionannach, ach cha bhith buaidh air taic do chìsean cùrsaichean.

If there are significantly more applications than the budget of the fund can allow, a proportionate reduction in grant sums across all successful application will take place, although course fee support will be unaffected.

Ma thèid gabhail ris an iarrtas agad, thèid litir-tairgse a chur thugad tro phost-dealain le Docusign. Innsidh sin dè am maoineachadh a gheibh thu agus dè na cumhachan maoineachaidh a th' ann agus iarraidh sinn air am fiosrachadh banca agad airson gun urrainn dhuinn pàighidhean bhon tabhartas a chur thugad.

If your funding application is successful, a letter of offer will be sent to you by email via Docusign. This will explain the level of funding agreed and the conditions that apply and ask you to confirm your bank details to allow us to make grant payments you.

Ma thèid taic aontachadh airson cìsean a' chùrsa, thèid iarraidh ort bruidhinn ris a' cholaiste no oilthigh agad gus cunntas a chur air dòigh gus an urrainn dhuinn do chìsean a phàigheadh thuca gu dìreach. Ma tha thu air pàigheadh airson cìsean a' chùrsa mus robh co-dhùnadh ann air an iarrtas agad, faodaidh gun iarr sinn fianais gun do phàigh thu a' cholaiste no oilthigh airson gum pàighidh sinn an suim thugad.

If support for course fees is agreed, we will ask you to arrange for your college or university to provide us with an invoice for the payment of the fees directly to them. If you have paid for your course fees in advance of a decision on your application, we may require proof of payment to the college or university in order for us to make the payment to you directly.

Ma tha tabhartas air aontachadh, thathar an dùil gun tèid 80% den tabhartas a phàigheadh nuair a thilleas tu an litir-tairgse agus dearbhadh air an fhiosrachadh banca agad. Ma tha thu air maoineachadh fhaighinn a-cheana, feumaidh tu aithisgean adhartais a chur thugainn airson nam bliadhnaichean don d' fhuair thu taic 's aonta fhaighinn airson nan aithisgean sin mus tèid do phàigheadh airson an tabhartas ùr agad. Thèid am 20%

If support for a grant is agreed, it is expected that 80% of the grant will be paid upon return of the signed letter of offer and confirmation of your bank details. Please note that if funding has been received in previous years that progress reports for those years must be submitted and approved before we can make any payment under your new grant. Payment of the final 20% of the grant will be at the end of the academic year and will be conditional



mu dheireadh den tabhartas a phàigheadh aig deireadh na bliadhna acadaimigich nuair a gheibhear aithisg adhartais leis a bheil sinn riarachta agus thu air am bliadhna den chùrsa a chrìochnachadh gu soirbheachail.

Nach cuir thu fios san fhoirm-iarrtais agad, no cuir fios gu sgioba nan tabhartasan aig Bòrd na Gàidhlig aig [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot), mas e 's gum biodh clàr-ama pàighidh eadar-dhealaichte nas freagarraiche dhut.

Mur eil thu riarachta le co-dhùnadh air an iarrtas agad, ged nach eil pròiseas ath-thagrachd againn faodaidh tu gearain a chur a-steach ma tha thu den bheach nach deach dèiligeadh ris an iarrtas agad a-rèir an stiùireadh 'sa is an stiùireadh-measaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh, [tha ar modhan gus dèiligeadh ri ghearanan ri fhaighinn an seo](#).

on receiving a satisfactory progress report and you having completed the year of the course successfully.

Please note within your application or contact Bòrd na Gàidhlig's funding team at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) if you would like to arrange for a different payment schedule.

If you are not satisfied with the outcome of your application, while we do not offer an appeal process you may make a complaint if you believe your application has not been dealt with in accordance with this guidance and the assessment guidance. For more information, [our complaints handling procedure is detailed online here](#).

## Sgrùdadh is measadh air adhartas

## Progress monitoring and evaluation

Mar chumha den tabhartas agad, feumaidh tu aontachadh ri:

- Crìoch a chur air a' chùrsa dham bheil thu a' sireadh taic;
- Aithisg adhartais a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 30 Ògmhios 2025; agus
- Gealltanais a thoirt seachad gus an ath cheum a ghabhail a dh'ionnsaigh teagasg ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, le bhith:
  - Leantainn ort dhan ath bhliadhna den chùrsa;
  - Leantainn ort gu bliadhna-phròbhadh teagasg; no
  - Leantainn ort gu dreuchd teagasg no tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig

Dh'fhaodte gun cuir oifigearan Bhòrd na Gàidhlig fios thugad tron chùrsa agad, feuch am faigh iad fios gu neo-fhoirmeil air mar a tha a' dol dhaibh.

Mas e 's nach cuir thu crìoch air a' chùrsa agad, no ma nì thu co-dhùnadh gun a bhith a' toirt a-mach dreuchd ann am foghlam Gàidhlig, feumaidh tu fios a chur gu Bòrd na Gàidhlig **sa bhad**, le dùil gum bi agad ri pàirt den tabhartas a thilleadh a rèir na tha air a mhìneachadh san litir-tairgse agad.

As a condition of funding, you must agree to:

- Complete the year of the course for which you are requesting support;
- Submit a progress report to Bòrd na Gàidhlig before 30 June 2025; and
- Commit to taking the next available step towards teaching in Gaelic education, whether this is:
  - Continuing on to the next year of your course;
  - Continuing on to a probationary year; or
  - Continuing into a Gaelic teaching or early years post

Bòrd na Gàidhlig officers may also contact you during your course for informal progress updates.

Should you not complete your course or decide not to follow a career in Gaelic education, you must inform Bòrd na Gàidhlig **immediately**, with part of the grant then liable to be returned as per the details of your letter of offer.

## Tuilleadh fiosrachaidh

## More information

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn maoineachaidh, nach tadhail thu air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#), no cuir post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

For more information about funding, please visit [Bòrd na Gàidhlig's website](#), or email us at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot).

Faodaidh tu cuideachd sùil a thoirt air [freagairtean ri ceistean cumanta](#) mu dheidhinn a’ mhaoineachaidh againn air an làrach-lìn againn.

Gheibhear fiosrachadh mu phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaidh [air-an làrach-lìn againn](#).

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den stiùireadh seo is foirmichean-iarrtas ma tha thu ag iarraidh agus dh’ fhaodadh gun tèid iad air fhoillseachadh aig: <https://www.gaidhlig.scot/gd/maoineachaidh/cothroman-maoineachaidh/tabhartasan-foghlaim/>

You can also find [answers to frequently asked questions](#) about our funding on our website.

Privacy information relating to our funding schemes [can be found on our website](#).

Alternative forms of this guidance and application forms can be made available on request and may be published at: <https://www.gaidhlig.scot/en/funding/funding-schemes/gaelic-education-grants/>

Eachdraidh Faidhle / Version history		
V1	Air fhoillseachadh / Published	28 Ògmhios / June 2024



Eisimpleir 1

BA/MA Foghlaim, 2na bliadhna den chùrsa = £700  
 Gun obair làn-thìde ron chùrsa = £0  
**= £700**

Eisimpleir 2

PGDE Foghlaim (Bun-sgoile) = £700 + £550  
 1 bliadhna obair làn-thìde ron chùrsa = £1,000  
**= £2,250**

Eisimpleir 3

BA Foghlaim, 1ad bliadhna den chùrsa = £700  
 Taic a dhìth airson cìsean = £1,820  
 2 bliadhna, 11 mìosan obair làn-thìde ron chùrsa =  
 £2,916 ( $2 \frac{11}{12} \times £1,000$ )  
**= £5,386 (chan eil cìsean a' chùrsa a' bualadh air suim  
 tabhartas as motha)**

Eisimpleir 4

PGDE Foghlaim (Àrd-sgoile) (Pàirt-thìde) = £350 + £275  
**= £625 (bhiodh seo £1,250 airson làn-thìde)**

Eisimpleir 5

HNC Cùram-cloinne (Pàirt-thìde) = £350  
 18 mìosan obair làn-thìde ron chùrsa = £750 ( $£1000 \times 0.5$   
 (Pàirt-thìde)  $\times (18 / 12)$ )  
**= £1,100**

Eisimpleir 6

BA Foghlaim (Bun-sgoile), 4mh bliadhna den chùrsa =  
 £700  
 3 bliadhna obair làn-thìde ron chùrsa = £3,000 (3 x  
 £1,000)  
 Fhuaras £3,500 tro sgeama Tabhartasan Foghlaim  
 2023/24  
**= £1,500 (seo agus £3,500 bhon uiridh = £5,000 suim as  
 motha ri fhaighinn tron chùrsa)**

Eisimpleir 7

PGDE Foghlaim (Àrd-sgoile) - £700 + £550 = £1,250  
 4 bliadhna obair làn-thìde ron chùrsa = £4,000  
 Air a bhith ann an cùram = £1,000  
**= £5,000 (suim as motha ri fhaighinn tron chùrsa)**

Example 1

MA Education, 2nd year of course = £700  
 No full-time work before course = £0  
**= £700**

Example 2

PGDE Education (Primary) = £700 + £550  
 1 year of full-time work before course = £1,000  
**= £2,250**

Example 3

BA Education, 1st year of course = £700  
 Support needed for course fees = £1,820  
 2 years, 11 months of work before course = £2,916 ( $2$   
 $\frac{11}{12} \times £1,000$ )  
**= £5,386 (course fees do not count towards maximum  
 grant amount)**

Example 4

PGDE Education (Secondary) (Part-time) = £350 + £275  
**= £625 (would be £1,250 if full-time)**

Example 5

HNC Childcare (Part-time) = £350  
 18 months full-time work before course = £750 ( $£1000 \times$   
 $0.5$  (Part-time)  $\times (18 / 12)$ )  
**= £1,100**

Example 6

BA Education (Primary), 4th year of course = £700  
 3 years of work before course = £3,000 (3 x £1000)  
 Received £3,500 through 2023/24 Education Grant  
**= £1,500 (this plus £3,500 received last year = £5,000  
 maximum available through course)**

Example 7

PGDE Education (Secondary) - £700 + £550 = £1,250  
 4 years full-time work = £4,000  
 Care-experience = £1,000  
**= £5,000 (maximum available through course)**